


Faighinn iomlaid Fala

**Fiosrachadh do euslaintich agus an teaghlaichean, luchd-cùram
agus luchd-gleidhidi**

Fiosrachadh cudromach don h-uile euslainteach a dh'fhaodadh a bhith feumach air iomlaid cheallan dearga, chùinntean (platelets) no plasma.

Gheibhearr fiosrachadh a bharrachd mu cho-phàirtean fala fa leth, buidhnean euslainteach sònraichte agus clann bheaga tron t-seirbheis iomlaid fala ionadail agad.



Tha a' bhiveag seo a' mìneachadh carson a dh'fhaodadh iomlaid fala de cho-phàirt fala leithid cheallan deurga, chùinntean no plasma a bhith air a mholadh dhut.

Coltach ris a h-uile leigheas meidigeach, cha bu chòir iomlaid fala a lìbhrigeadh ach nuair a tha e gu tur riatanach agus às dèidh beachdachadh faiceallach. Bidh an cunnart bho iomlaid fala ga thomhas an aghaidh a' chunnairt mura faigheadh tu të.

Ann an cùis èiginn, is dòcha nach eil e comasach beachdachadh air a h-uile roghainn. Ma thachras seo, bruidhnidh an dotair agad riut mun iomlaid fala a fhuair thu cho luath 's as urrainn dhaibh.

Ma tha cairt agad a tha ag ràdh gu feum thu ful de sheòrsa sònraichte, no ma tha fios agad air seo bhon eachdraidh mheidigeach agad, seall a' chairt cho luath 's a ghabhas don sgioba càram-slainte agad agus iarr orra innse don obair-lann iomlaid fala san ospadal.

Carson a dh'fheumainn iomlaid fala?

Tha ful air a dhèanamh suas de ghrunn cheallan agus stuthan eadar-dhealaichte:

- Bidh ceallan deurga a' giùlan ogsaidean timcheall na bodhaige; Canar anaemia ri dìth cheallan deurga fallain. Mar as trice bidh iomlaid cheallan deurga air a thoirt seachad air sgàth gainnead cheallan deurga san fhuil, leis nach eil na stuthan nad bhodhaig ann son an dèanamh, nach eil do bhodhaig a' dèanamh gu leòr dhiubh no air sgàth call fala. Uaireannan, faodar anaemia a leigheas le cungaidhean leithid iarainn; uaireannan eile 's dòcha gur e iomlaid fala an roghainn as fheàrr, no an aon roghainn a th' ann
- 'S e ceallan san fhuil a th' ann an cùinntean a chuireas casg air

sileadh fala agus a chuidicheas an fhuil a' tlamachadh. Is dòcha gum feumar iomlaid chùinntean gus an àireamh de chùinntean san fhuil a chur am meud no cùinntean a chur an àite feadhainn nach eil ag obair ceart gus sileadh fala a leigheas no a chasd

- Is e plasma an lionnach san fhuil a bhios a' giùlan ceallan fala timcheall na bodhaige. Dh'fhaodadh gun tig feum air iomlaid plasma airson sileadh fala a leigheas no a chasd ma tha factaran tlamachaидh a dhìth ort. Tha co-phàirtean plasma a' toirt a-steach plasma reòta ùr (FFP), 's a bheil mòran factaran tlamachaидh eadar-dhealaichte, agus cryoprecipitate, 's a bheil factor tlamachaидh ris an canar fibrinogen.

Faodaidh a' mhòr-chuid de dhaoine dèiligeadh ri bhith a' call tomhas meadhanach de dh'fhuil gun a bhith feumach air iomlaid fala, oir thar ùine nì a' bhodhaig ceallan fala ùra agus plasma an àite na chaidh a chall.

Ach, ma thèid barrachd fala a chall, is dòcha gur e iomlaid fala an dòigh as fheàrr air fuil a ghrad-chur an àite na chailleadh. Faodar iomlaid co-phàirtean fala a chleachdadadh ma thèid fuil a chall ann an obair-lannsa mhòr, às dèidh thubaistean agus mar chùis èiginn aig àm breith cloinne.



Uaireannan cha bhi smior cnàimh, a bhios a' dèanamh ceallan fala, ag obair ceart. Dh'haodadh seo a bhith air sgàth galair no mar thoradh air leigheasan leithid ceimio-theiripe no rèidio-theiripe. Faodaidh seo a bhith sealach no fad-ùine. Anns a' chùis seo, thèid plana Leighis a dhealbhadh gus coinneachadh ris na riataasan sònraichte agad.

An e iomlaid fala an aon roghainn?

Minichidh do dhotair no banaltram carson a tha feum agad air iomlaid fala agus bruidhnidh iad mu na cunnartan, na buannachdan agus a bheil leigheasan eile rim faighinn. Tha e cudromach gun tuig thu carson a tha feum air iomlaid fala agus gum bi cothrom agad ceistean sam bith fhaighneachd.

Ma tha anaemia ort air sgàth dìth iarainn san fhuil, dh'haodadh cungaидh iarainn am feum air iomlaid fala a lùghdachadh. Bruidhinn ris an dotair agad mun roghainn seo agus a bheil e freagarrach dhut.

Tha a' chòir aig gach inbheach air iomlaid fala a dhiùltadh, ach feumaidh tu a' bhuaidh a thig an cois sin a thuigsinn. Chan urrainnear cuid de leigheasan no obair-lannsa a dhèanamh gu sàbhailte às aonais iomlaid fala. Ann an clann, agus euslaintich a tha ga fhaighinn doirbh fiosrachadh meidigeach toinnte a thuigsinn, obraichidh an sgioba meidigeach leis an euslainteach agus an teaghlaach no an luchd-glèidhidh, gus co-dhùnaidhean a dhèanamh a tha gu an leas.

Ma tha thu a' faighinn obair-lannsa is dòcha gum bi feum agad air fuil, ach dh'haodadh gum bi e comasach d' fhuil fhèin ath-chuaireachadh rè na h-obrach le pròiseas ris an canar sàbhaladh cheallan (cell salvage). Faighnich don sgioba cùram-slàinte agad a bheil am pròiseas seo ri fhaighinn agus, ma tha,

am biodh e freagarrach dhut.

Uaireannan, faodar leigheas a leasaicheas tlamachadh fala, leithid searbhag tranexamic, a chleachdad. Bidh seo a' lùghdachadh call fala, agus mar sin a' lùghdachadh feum air iomlaid fala fhaighinn idir.

Dè as urrainn dhomh a dhèanamh ron obair-lannsa gus am feum air iomlaid fala a lùghdachadh?

Ma tha dùil agad obair-lannsa fhaighinn far am faodadh tu ful a chall, bu chòir dhut deuchainn a dhèanamh a dh'fhaicinn a bheil thu anaemic. Is dòcha gun tèid iarraidh ort leigheas iarainn a ghabhail anns na seachdainean ron obair-lannsa – faighnich don dotair aig a' chlionraig no don dotair teaghlaich agad a bheil seo a' buntainn riutsa. Faodaidh tu cuideachd do chuideachadh fhèin le bhith ag ithe biadh gu leòr anns a bheil iarann. Mar as trice bu chòir daithead measgaichte, cothromaitche iarann gu leòr a thoirt dhut.



Ma tha thu air warfarin no anticoagulants eile, aspirin no stuthan antiplatelet eile (cungaidhean “tanachadh fala”) faighnich don dotair agad am bu chòir dhut sgur gan gabhail ron obair-lannsa agad. Ma sguireas tu dhe na drogaichean sin dh’fhaodadh sileadh fala lùghdachadh, ach dh’fhaodadh gum bi thu ann an cunnart nas motha bho thrioblaidean eile. Feumaidh tu bruidhinn ris an dotair agad mus sguir thu cungaidh-leighis sam bith.

Ciamar a thèid iomlaid fala a thoirt dhomh agus ciamar a bhios mi a’ faireachdainn?

Mar as trice thèid iomlaid a thoirt tro phìob gu dìreach a-steach do chuisle sa ghàirdean. Ann an cuid de chùisean, faodar iomlaid fala a libhrigeadh tro chatheter mòr-chuisle, gu sònraichte ma tha fear a-staigh agad mar-thà mar phàirt den obair-leighis a tha thu a’ faighinn.

Gus an tomhas ceart de dh’fhuil a dhearbhadh dhut, thathar a’ moladh do chuideam a chlàradh. Is dòcha gun tèid barrachd air aon phoca fala a thoirt dhut mar phàirt den leigheas agad. Dh’fhaodadh gun toir e suas ri 4 uairean a thìde gus poca de cheallan deurga iomlaid ach faodar a thoirt seachad gu sàbhailte nas luaithe ma bhios feum air. Mar as trice bidh iomlaid chùinntean agus plasma àbhaisteach a’ toirt eadar 30 mionaid agus uair a thìde gach poca.

Nithear sgrùdaidhean ort leithid teòthachd, buille-chuisle agus bruthadh-fala ro, rè agus às dèidh na h-iomlaid agus thèid sùil gheur a chumail ort fad na h-ùine. Chan eil a’ mhòr-chuid de dhaoine a’ faireachdainn dad neo-àbhaisteach aig àm iomlaid fala.

Cunnartan co-cheangailte ri iomlaid fala

Is e obair-leighis chumanta a th' ann an iomlaid fala a shàbhaileas agus a leasaicheas beatha, agus tha bàs mar thoradh air iomlaid gu math tearc. Chan eil duilgheadasan sam bith aig a' mhòr-chuid de dh'euslaintich a gheibh iomlaid fala.

Ach, tha cunnartan co-cheangailte ri iomlaid fala, a tha ann an ceithir priomh roinnean:

Mearachd aithneachaidh euslainteach

Tha mòran sgrùdaidhean ann gus an iomlaid fala agad a dhèanamh cho sàbhailte 's a ghabhas. Bidh luchd-obrach a' toirt ceumannan aithneachaidh faiceallach gus dèanamh cinnteach gum faigh thu a' cho-phàirt fala cheart a tha sàbhailte dhut.

Ro iomlaid fala, thèid sampall fala a ghabhail gus a mhaidseadh ris an fhuil. Feumaidh am fiosrachadh aithneachaidh agad a chur air an tiùb sampaill nad làthair. Thèid iarraidh ort d' ainm slàn agus do cheann-latha-breith a dhearbhadh agus thèid seo a sgrùdadadh mu choinneamh bann aithneachaidh (airson gach euslainteach san ospadal) agus an fhoirm iarrtas fala no foirm ionann. Tha an sgrùdadadh seo gus dearbhadh gu bheil an sampall ga thoirt bhon neach cheart.

Tha caitheamh bann aithneachaidh deatamach airson a h-uile euslainteach a tha gu bhith a' faighinn iomlaid fala. Dìreach mus faigh thu an fhuil thèid iarraidh ort d' ainm slàn agus do cheann-latha breith innse a-rithist. Thèid am fiosrachadh seo a dhearbhadh mu choinneamh a' bhanna aithneachaidh agad, am poca co-phàirt fala agus an t-òrdugh-leighis. Innis don luchd-obrach ma tha fiosrachadh no litreachadh sam bith air a' bhann aithneachaidh agad ceàrr.

Tha aithneachadh ceart deatamach

Cuir an cuimhne an neach-obrach am fiosrachadh seo iarraidh mura dèan iad sin.

Frith-obrachadh

Chan eil a' mhòr-chuid de dhaoine a' faireachdainn dad neo-àbhaisteach rè na h-iomlaid fala. Innsidh an sgioba cùram-slàinte agad cò ris a bu chòir sùil a bhith agad. Tha e cudromach gun innis thu do neach-obrach ma nochdas buaidhean sam bith rè no às dèidh na h-iomlaid fala. Uaireannan, bidh frith-obrachadh a' tachairt uairean a thìde no làithean às dèidh iomlaid fala. Is ann glè ainneamh a bhios droch fhrith-obrachadh a' tachairt le iomlaid fala ach, ma thachras sin, tha luchd-obrach air an trèanadh gus aithneachadh agus a làimhseachadh.

Dh'faodadh cuid de dhaoine beagan fiabhras, fuachd, sruthadh sròine no broth fhaighinn, a tha mar as trice mar thoradh air frith-obrachadh lag an t-siostaim dionachd no aileirdsidh. Tha seo furasta a leigheas, mar eisimpleir le paracetamol no le bhith a' toirt seachad an fhuil nas maille.

Nì an sgioba cùram-slàinte measadh cuideachd gus faicinn a bheil thu ann an cunnart bho chruinneachadh lionn nad chuaire-fhala, gus an gabh iad ceumannan gus seo a chasd. Bithear a' cumail sùil ort rè na h-iomlaid fala airson comharran sam bith de ghiorràd na h-analach. Thathas a' meas a' chomharra seo anabarrach cudromach, agus bu chòir dhut innse do neach-obrach sa bhad ma tha e idir duilich dhut anail a tharraing, gus an tèid leigheas a thoirt dhut cho luath 's a ghabhas.

Ma tha thu a' dol dhachaigh às dèidh na h-iomlaid fala, faighnich don sgioba cùram-slàinte dè na rudan air am bu choir dhut aire a thoirt agus cò air a chuireas tu fios airson taic is comhairle ma thig comharraighean sam bith ort.

Tinneas gabhaltach

Tha co-phàirtean fala air an toirt seachad le saor-thoilich fallain, gun phàigheadh, agus tha an cunnart gun tèid fuil le galar ann a-steach do sholar fala na RA gu math ìosal. Bidh luchd-tabhartais a' lionadh ceisteachan slàinte a h-uile uair a bheir iad fuil seachad agus bidh tabhartasan fala air an deuchainn a h-uile uair airson raon de ghalaran a dh'haodadh a bhith annta, leithid hepatitis B, C agus E, agus HIV. Tha seo a' fàgail gu bheil an cothrom galar sam bith fhaighinn ann an iomlaid fala glè ìosal, ach chan urrainnear cur às don chunnart uile gu lèir.

- Tha an cunnart nach lorg deuchainn fala galar bhìorasach susbainteach nas lughna 1 ann am millean (Hepatitis B nas lughna 1 ann an 1 millean; HIV agus Hepatitis C nas lughna 1 ann an 10 millean)
- Tha an cothrom gun glacar Galar Creutzfeldt-Jakob caochlaideach (vCJD) bho iomlaid fala glè bheag; a dh'aindeoin sin, tha sinn a' bacadh luchd-tabhartais a dh'haodadh a bhith ann an cunnart nas àirde bho vCJD.**Air an adhbhar seo, chan urrainn do dhuine sam bith a fhuair fuil no co-phàirt fala sam bith eile bho 1980 air adhart tabhartas fala no co-phàirtean fala a thoirt seachad**
- Dh'haodadh bacteria ceallan deurga agus co-phàirtean fala eile a thruailleadh. Dh'haodadh seo frith-obrachadh cunnartach adhbhrachadh ann an euslainteach sam bith a gheibh fuil thruaillte. Bidh sinn ag obair gu cruaidh gus seo a sheachnad agus tha na cunnartan a-nis coltach ris a' chunnart bho na galaran eile air an ainmeachadh gu h-àrd.

Trioblaidean iomlaid fala fhad-ùine

Tha cuid de dh'euslaintich an eisimeil iomlaid fala airson ùine mhòr. Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach euslaintich le thalassemia, galar corran-chealla no fàilligeadh smior cnàimh. Faodaidh a bhith a' faighinn iomadh iomlaid fala euslaintich a dhèanamh nas buailtiche do dhuilgheadasan leithid cus iarainn agus leasachadh anticuirp. Faodaidh an sgioba meidigeach innse dhut ciamar as urrainnear na cunnartan sin a lùghdachadh agus dè na leigheasan a tha rim faighinn.

Am faod mi m' fhuil a thoirt seachad do mo phàiste no mo chàirdean?

Chan fhaod, oir tha cunnartan sònraichte co-cheangailte ri iomlaid fala bho chàirdean a tha a' ciallachadh gu bheil tabhartasan den leithid nas cunnartaiche na bhith a' faighinn ful bho chuideigin nach eil càirdeach.






Draghan sònraichte dhut fhèin

Bu chòir don sgioba cùram-slàinte agad bruidhinn mu chunnartan no draghan sam bith eile a tha cudromach dhutsa gu sònraichte. **Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach:**

- a' bhuaidh air na duilgheadasan slàinte eile
- agad a' bhuaidh air roghainnean leighis san àm ri teachd
- ceistean creideimh agus eile nach eil co-cheangailte ri slàinte
- eagal ro shnàthadan, dragh mu bhith a' faicinn fuil, no droch thachartas roimhe le iomlaid fala
- an sgioba cùram slàinte agad air co-phàirtean fala sònraichte a mholadh stèidhichte air grunn nithean co-cheangailte ris an leigheas agad no ri do chor slàinte.

Mus toir thu cead airson iomlaid fala fhaighinn, a bheil thu a' tuigsinn carson a tha feum agad air an iomlaid fala? Agus a bheil fios agad air freagairtean nan ceistean seo?



Feuch an innis thu don sgioba càram-slàinte agad mu dhraghan sam bith a th' agad. Tha e cudromach na draghan sin innse; cha smaoinich iad gu bheil iad gòrach no nach eil iad cudromach.

Dleastanas Follaiseachd

Tha Seirbheisean lomlaid Fala na RA a' cumail ri reachdas Dleastanas Follaiseachd. Tha seo a' ciallachadh gun obraich sinn ann an dòigh fhosgailte is fhollaiseach far a bheil tachartas ris nach robh dùil, a tha coltach a dh'adhbhraich cron no bàs ann an co-cheangal dìreach ri iomlaid fala. Iarr tuilleadh fiosrachaидh bhon sgioba càram-slàinte agad no tadhail air an làrach-lìn a leanas:-**Duty of candour - GOV.UK (www.gov.uk)**

Cuir fios thugainn

Chaidh a' bhileag seo ullachadh le Lìonra lomlaid Fala na RA agus na h-Èireann às leth 4 Seirbheisean Fala na RA.

Gheibhear am foillseachadh seo ann an clò mòr, braille (Beurla a-mhàin), teip claisneachd agus diofar chànanan. Cuir fios gu **nss.equalitydiversity@nhs.scot** ma dh'fheumas tu a' bhileag seo ann an riochd eile.

Alba

Airson ath-òrdachadh
Via PECOS – Item No. NATL-146

Àir. Reifreans **NATL146 02**

Ceann-latha Foillseachaidh: **01/07/21**

Ceann-latha airson ath-bhreithneachadh **01/07/24**

An gniomh: **01/07/2021**



NHS
Blood and Transplant

Northern Ireland
Blood Transfusion Service

The logo for Gwasanaeth Gwaed Cymru, featuring a red heart shape with a white outline, accompanied by the text "Gwasanaeth Gwaed Cymru" and "Welsh Blood Service".